


# Tòimhseachan Loidsig na Coille-uisge

Cleachd an cuideachadh gus obrachadh a-mach dè an t-ainmhidh a tha a' fuireach anns gach sreath den choille-uisge. Faodaidh barrachd air aon ainmhidh a bhith anns gach sreath, ach chan eil gach ainmhidh a' buntainn ach ri aon shreath.

|                                                                                     |                                                                                     |                                                                                       |
|-------------------------------------------------------------------------------------|-------------------------------------------------------------------------------------|---------------------------------------------------------------------------------------|
|    |    |    |
| <b>Mathan-grèine</b><br>Malayach                                                    | <b>Fiadh Breac</b><br>Visayach                                                      | <b>Macaw</b><br>Ruadh                                                                 |
|    |    |    |
| <b>Mion-each-aibhne</b>                                                             | <b>Siompansaidhe</b>                                                                | <b>Gibbon</b><br>Bàn-ghruaidh                                                         |
|  |  |  |
| <b>Losgann</b><br>Puinnseanta Gorm                                                  | <b>Muncaidh</b><br>Titi Coparach                                                    | <b>Casuaraidh</b><br>a Deas                                                           |



## Cuideachadh na Dàrna Ìre

1. Tha **am macaw** a' fuireach nas àirde na gin de na h-apaichean.
2. Tha **an siompansaidhe** a' fuireach san aon shreath ris a' bheathach a bhios a' coimhead airson mil.
3. Tha **an t-eun nach urrainn itealaich** a' fuireach anns an t-sreath as ìsle.
4. Tha **am mathan-grèine** a' fuireach dìreach fon ghibbon..
5. Tha **am mion-each-aibhne** a' fuireach san aon shreath ris a' chasuaraidh..
6. Tha **am muir-thìreach puinnseanta seo** a' fuireach nas ìsle na am macaw ach nas àirde na am mion-each-aibhne.
7. Tha **am muncaidh titi coparach** a' fuireach aon shreath os cionn a' losgainn phuinnseanta ghuirn.
8. Tha **an casuaraidh** a' fuireach fon t-siompansaidhe.
9. Tha **am macaw** na aonar san t-sreath aige.
10. Tha trì beathaichean a' fuireach air **làr na coille**.

# Faidhle Fiosrachaidh Ainmhidhean

Seo beagan fhìrinnean inntinneach mu gach aon de na beathaichean a tha air an taisbeanadh san tòimhseachan. **Feumaidh tu iad airson tòimhseachain na Dàrna Ìre fhuasgladh.**

Tha an tòimhseachan mu dheidhinn dè an sreath coille-uisge anns a bheil iad a' fuireach. Ach, leis gu bheil iad uile a' fuireach ann an coilltean-uisge air feadh an t-saoghail, tuigidh tu nach eil iad a' fuireach còmhla.

**Macaw Ruadh (Red-fronted Macaw):** Gnè ann an cunnart mòr a tha dùthchasach do Bhoilibhia.

**Siompansaidhe:** Gnè de dh'apa mòr a tha dùthchasach do dh'Afraga thropaigeach.

**Mathan-grèine Malayach:** An gnè mathain as lugha san t-saoghal a lorgar ann an Ear-dheas Àisia. Bidh iad ag ithe measgachadh de bhiadh, leithid bhiastagan, measan agus mil.

**Gibbon Bàn-ghruidh (Buff-Cheeked Gibbon):** Gnè de dh'apa a lorgar sa mhòr-chuid ann an Ear-dheas Àisia.

**Casuaraidh a Deas (Southern Cassowary):** Eun mòr nach urrainn itealaich a lorgar anns na h-Innd-Innse, Gini Nuadh Paputhaiche, agus ear-thuath Astràilia. Bidh e sa mhòr-chuid ag ithe mheasan a thuit gu làr.

**Losgann Puinnseanta Gorm (Blue Poison Dart Frog):** Chan fhaighear seo ach ann am beagan àiteachan iomallach den choille-uisge ann an Surinam agus ceann a tuath Bhrasil. Am measg nam muir-thìrich as puinnseanta san t-saoghal.

**Muncaidh Titi Coparach (Coppery Titi Monkey):** Gnè de mhuncaidh à Ameireaga a Deas, gu h-àraidh Braisil, Pearù agus Boilibhia.

**Mion-each-aibhne:** Luibh-ithear leth-uisgeach dùthchasach do choilltean Afraga an Iar.




**Fiadh Breac Visayach:** Gnè fèidh na h-oidhche a lorgar mar as trice ann an coilltean-uisge Eileanan Visayan (Na h-Eileanan Filipineach).

*Thoir fa-near: Ann am fìor bheatha bidh a' mhòr-chuid de na beathaichean seo a' fuireach ann am barrachd air aon shreath. Airson an tòimhseachain tha sinn air a dhèanamh nas sìmplidhe agus air an cur san t-sreath ris a bheil an ceangal as motha aca.*

| Sreathan na Coille-uisge                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                            | Ainmhidhean |
|-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|-------------|
| <p><b>Bàrr-chrann (as àirde)</b></p> <p>Gheibh an sreath seo a’ mhòr-chuid de sholas na grèine leis gu bheil an duilleach gann. Tha craobhan san t-sreath seo am measg an fheadhainn as sine sa choille-uisge, cuid dhiubh a’ ruighinn àirdean iongantach. Bidh beathaichean sa mhòr-chuid a’ faighinn timcheall le bhith ag itealaich no a’ leum timcheall mullaichean nan craobhan.</p>                                                                                                                                           |             |
| <p><b>Sgàil-bhrat</b></p> <p>Bidh an sreath seo ag obair mar sgàil mullaich thairis air na sreathan as ìsle, a’ tabhann dìon agus fasgadh dha na lusan agus na beathaichean an sin. Bidh e cuideachd a’ cumail nan siantan a-mach, a’ cruthachadh àrainneachd dhorcha is bhruthainneach. Bidh barrachd ghnèithean a’ fuireach san t-sreath seo na ann an sreathan eile, air sgàth cho furasta ’s a tha biadh ri fhaighinn. Faodaidh a’ mhòr-chuid de bheathaichean an seo itealaich no gluasad gu furasta air geugan chraobhan.</p> |             |
| <p><b>Fo-sgàil-bhrat</b></p> <p>Dorcha agus bruthainneach, bidh an sreath seo den choille-uisge a’ dèanamh suas airson an dorchadais le flùraichean soilleir aig a bheil fàileadh làidir a bhios a’ tàladh phoileanaichean. Ged a bhios lusan, preasan agus craobhan ùra a’ fàs an seo, chan eil iad buailteach fàs glè àrd. Bidh beathaichean a tha beò an seo gu tric a’ soirbheachadh ann am bruthainneachd.</p>                                                                                                                 |             |
| <p><b>Làr na Coille (as ìsle)</b></p> <p>An sreath as duirche buileach. Tha dìth solas na grèine ga dhèanamh duilich do rud sam bith fàs, agus tha an làr còmhdaichte sa mhòr-chuid le stuth organach a’ tuiteam bho na lusan is na craobhan gu h-àrd. Tha an sreath coille-uisge as ìsle cuideachd buailteach do thuiltean bho uisge trom.</p>                                                                                                                                                                                     |             |

**RABHADH!**

**Tha am fuasgladh  
gu h-ìosal**

| Sreathan na Coille-uisge | Ainmhidhean                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                              |  |
|--------------------------|----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|--|
| Bàrr-chrann (as àirde)   |  <p>Macaw<br/>Ruadh</p>                                                                                                                                                                                                                                               |  |
| Sgàil-bhrat              |  <p>Gibbon<br/>Bàn-ghruaidh</p>  <p>Muncaidh<br/>Titi Coparach</p>                                                                                                                  |  |
| Fo-sgàil-bhrat           |  <p>Siompansaidhe</p>  <p>Mathan-grèine<br/>Malayach</p>  <p>Losgann<br/>Puinnsanta Gorm</p>    |  |
| Làr na Coille (as ìsle)  |  <p>Casuaraidh<br/>a Deas</p>  <p>Mion-each-<br/>aibhne</p>  <p>Fiadh Breac<br/>Visayach</p> |  |

# Fuasgladh Tòimhseachan Loidsig na Coille-uisge (1)

## Cuideachadh na Dàrna Ìre

### **Tha am macaw a' fuireach nas àirde na gin de na h-apaichean.**

A' cleachdadh ar *faidhle fiosrachaidh ainmhidhean*, chì sinn gur e apaichean a th' anns an t-siompansaidhe agus an gibbon. Chan eil fios againn fhathast dè an sreath anns a bheil iad a' fuireach agus mar sin cuir iad air a' bhòrd gun a bhith gan steigeadh air a' ghriod fhathast. Faodaidh am macaw a dhol os cionn an t-siompansaidhe agus a' ghibbon. .

### **Tha an siompansaidhe a' fuireach san aon shreath ris a' bheathach a bhios a' coimhead airson mil.**

A' cleachdadh ar *faidhle fiosrachaidh ainmhidhean* a-rithist, chì sinn gur e am mathan-grèine am beathach a bhios a' sireadh mil. Mar sin, cuir am mathan-grèine ri taobh an t-siompansaidhe agus a' ghibbon. .

### **Tha an t-eun nach urrainn itealaich a' fuireach anns an t-sreath as ìsle.**

Tha dà eun am measg nan ainmhidhean. Tha fios againn mu thràth gu bheil am macaw a' fuireach gu h-àrd, agus tha am *faidhle fiosrachaidh ainmhidhean* againn a' dearbhadh gur e an casuaraidh an t-eun nach urrainn itealaich. Is e làr na coille an sreath as ìsle agus mar sin steig an casuaraidh air làr na coille air a' ghriod.

### **Tha am mathan-grèine a' fuireach dìreach fon ghibbon.**

Gluais am mathan-grèine fon ghibbon, agus cuideachd an siompansaidhe leis gu bheil am mathan-grèine agus an siompansaidhe a' fuireach san aon shreath. Ach chan eil fios againn fhathast a bheil iad a' fuireach san aon shreath ris a' chasuaraidh no os a chionn, agus mar sin chan urrainn dhuinn an steigeadh sìos fhathast.

### **Tha am mion-each-aibhne a' fuireach san aon shreath ris a' chasuaraidh. .**

Furasta! Steig am mion-each-aibhne ri taobh a' chasuaraidh air làr na coille.

### **Tha am muir-thìreach puinnseanta seo a' fuireach nas ìsle na am macaw ach nas àirde na am mion-each-aibhne.**

Tha am *faidhle fiosrachaidh ainmhidhean* againn a' dearbhadh gur e an losgann puinnseanta gorm am muir-thìreach puinnseanta. Chan eil fios againn fhathast dè an sreath anns a bheil am macaw a' fuireach, ach tha fios againn gu bheil am mion-each-aibhne a' fuireach air làr na coille agus gum feum am macaw a bhith os cionn a' losgainn, agus mar sin bidh an losgann a' fuireach anns an sgàil-bhrat no am fo-sgàil-bhrat.

## Fuasgladh Tòimhseachan Loidsig na Coille-uisge (2)

**Tha am muncaidh titi coparach a' fuireach aon shreath os cionn a' losgainn phuinnseanta ghuirm.**

Tha fios againn gu bheil an losgann puinnseanta gorm a' fuireach an dàrna cuid anns an fho-sgàil-bhrat no anns an sgàil-bhrat, agus mar sin feumaidh am muncaidh a bhith a' fuireach anns an sgàil-bhrat no am bàrr-chrann.

**Tha an casuaraidh a' fuireach fon t-siompansaidhe.**

Tha fios againn a-nis gu bheil an casuaraidh fon an t-siompansaidhe agus am mathan-grèine; tha an siompansaidhe agus am mathan-grèine fon a' ghibbon; agus tha an gibbon fon a' mhacaw. Mar sin is urrainn dhut na ceithir sin a steigeadh air a' ghriod a-nis (casuaraidh = làr na coille; mathan-grèine agus siompansaidhe = fo-sgàil-bhrat; gibbon = sgàil-bhrat; macaw = bàrr-chrann). Chan eil fhios fhathast càite an cuir sinn am muncaidh titi coparach no an losgann puinnseanta gorm.

**Tha am macaw na aonar san t-sreath aige.**

Leis gur e am macaw an aon bheathach anns a' bhàrr-chrann, feumaidh sinn am muncaidh titi coparach a ghluasad sìos chun an sgàil-bhrat. Mar sin feumaidh sinn an losgann puinnseanta gorm a ghluasad sìos chun an fho-sgàil-bhrat. .

**TTha trì beathaichean a' fuireach air làr na coille.**

Chan eil ach am fiadh air fhàgail. Tha trì beathaichean a' fuireach air làr na coille, ach chan eil ach a dhà ann an-dràsta (casuaraidh agus mion-each-aibhne), agus mar sin feumaidh gur e an treas fear am fiadh.